

Gnìomh Ainmean-àite Gàidhlig – Stiùireadh do Luchd-teagaisg

Tha sinn a' toirt cuireadh do sgoilearan sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha Gàidhlig air a nochdadh ann an ainmean-àite mun cuairt oirnn. Tha sinn a' brosnachadh orra faclan ùra ionnsachadh agus an cleachdadh gu cruthachail gus ainmean-àite ùra a chruthachadh. Gu tric, tha ainmean-àite air an togail bhon t-saoghal nàdarra – aibhnichean, beanntan, coilltean, agus beathaichean – agus tha seo a' toirt dhuinn cothrom smaoineachadh air dòighean ùra is inntinneach gus ar n-àrainneachd a riochdachadh tro Ghàidhlig.

Stiùireadh

1. Sgrùdaich na h-ainmean-àite Gàidhlig faisg oirbh a' cleachdadh nam mapaichean a tha air an toirt dhuibh.
2. Cleachd liosta nan faclan air gach mapa gus faighinn a-mach mar a tha na h-ainmean sin ceangailte ri nàdar.
3. Smaoinich air ainm Gàidhlig agaibh fhèin airson àite ficseanail – eilean, creag, abhainn, no beinn – a' cleachdadh nam mapaichean agus am briathrachan mar bhrosnachadh.
4. Sgrìobh an t-ainm-àite agad air an duilleag gu h-ìosal no air duilleag bàn.
5. Dealbh an t-àite agad, bi cho cruthachail 's as urrainn dhut! Faodaidh tu ainmean-àite Gàidhlig a chleachdadh gus an t-àrainneachd a riochdachadh, ach chan eil seo riatanach.

Goireasan

Gheibh sibh goireasan gus do chuideachadh an-seo:

- **Mapa** ainmean-àite Gàidhlig airson sgìre an Ùghdarras Ionadail agaibh: <https://www.keeptscotlandbeautiful.org/gaidhlig/farpais-ainmean-aite-gaidhlig/>
- **Briathrachan** de fhaclan Gàidhlig le eadar-theangachaidhean Beurla: <https://www.keeptscotlandbeautiful.org/media/mdhinesi/briathrachan-glossary.pdf>
- **Duilleag** airson Sgoilearan: <https://www.keeptscotlandbeautiful.org/media/wa2ej20b/gaelic-place-name-activity.pdf>
- **Faclair LearnGaelic** airson fuaimneachadh ceart: <https://learngaelic.scot/dictionary/>